

Beachdan air Dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig
bho Chomunn na Gàidhlig

1. A bheil sibh ag aontachadh leis an lèirsinn a tha anns an dreachd Plana?

Tha, ach bu chòir an 6mh earrainn ("Gàidhlig mar ro-theachdair....") bhiodh aig a' 5mh earrainn ("a' moladh lùghdachadh sam bith....do chànan eile").

2. Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, a bheil na pròiseactan roinneil a thàtar a' moladh riatanach do na h-amasan airson 2012? Mura h-eil, ciamar nach eil?

Tha, ach feumar beachdachadh air pròiseactan roinneil nas làidire airson Gàidhlig a neartachadh san dachaigh agus sa choimhearsnachd. Chan eil comhairle 's fiosrachadh do phàrantan 's teaghlaichean gu leòr airson dèanamh cinnteach gu bheil an leudachadh a tha sinn an dòchas fhaicinn ga thoir gu buil. Mar a tha am Plana ag ràdh air td. 9, 's ann ri luchd-labhairt is luchd-taic na Gàidhlig a bhios e gu mòr an urra de cho soirbheachail is a bhios am Plana Nàiseanta is chan ann le de cho taiceil 's a bhios na buidhnean poblach. Bu chòir prìomhachas thoirt do phròiseactan ionadail far am bheil luchd-treòrachaidh a' tadhal air dachaighean uair no dhà san t-seachdain fad bliadhna, mar eisimpleir, airson gum brosnachear luchd-labhairt fileanta airson a bhi cleachdadh Gàidhlig anns an dachaigh agus anns na coimhearsnachdan. Mura bidh iad ga cleachdadh anns gach suidheachadh anns an dachaigh, gu sònraichte ris a' chlànn, deugairean agus an òigridh 's e droch sheansa gum bi iad deònach a cleachdadh ann a bhi ag iarraidh seirbheisean bho na buidhnean poblach. Air sgath sin, feumar barrachd cuideim chuir air taic na dachaigh os cionn roinn gnìomh eile.

3. A bheil na builean airson an fhichead raon agus na Prìomhachasan airson dèiligeadh leotha air am mìneachadh gu ceart agus ann an òrdan freagarrach? Mura h-eil, ciamar nach eil?

'S e cheist ciamar a ghabhas spionnadh a chuir ann a luchd-labhairt na Gàidhlig airson gu faic iad an luach a tha anns a' chànain agus cho cugallach 's a tha an suidheachadh mura leann iad air adhart no ann an iomadach suidheachadh, gu mì-fhortanach, gus an toisich iad ga cleachdadh gu h-iomlan anns a h-uile suidheachadh le daoine aig gach ìre taobh a-staigh na coimhearsnachdan aca.? 'S e sinn an dùbhlain as motha a bhios aig a' Phlana seo. Chan eil e soilleir de an dòigh air a bheil am Bòrd an dùil dhol air adhart airson beachdan an t-sluaigh atharrachadh (attitudinal change) airson an suidheachadh a leasachadh. Tha fios gu feum obair rannsachaidh a dhèanamh le bhi ag obair gu dlùth ri coimhearsnachd no dhà anns a' chiad dol a-mach airson obrachadh a-mach de an dòigh as èifeachdaiche air seo a thoirt gu buil. A thaobh Foghlam agus Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig, tha sinn ag aontachadh leis na beachdan a chur Comann nam Pàrant (Nàiseanta) a-staigh. Tha sinn den bheachd nach eil am Plana idir mothachail air na cothroman eacanomaigeach a tha ceangailte ri cultar agus bu chòir iomradh a thoirt air a' cheangal chudromach a tha eadar cultar na Gàidhlig agus cothroman

eacanomaigeach. Bu chòir e bhith soilleir nach e dìreach cur-seachad a tha anns a' chànain agus feumaidh an òigridh bhi mothachail air na buannachdan farsaing a tha ag èirigh as a' chànain, a bharrachd air spòrs is eile. Ged a tha margaideachd a' nochdadh uair neo dhà anns a' Phlana, tha sinn a' moladh gum bu chòir seo a bhith na phrìomh amas fo fear dhe na roinnean gnìomh. Tha sinn beò ann an saoghal far am bheil làmh an uachdair aig a' Bheurla agus airson adhartas sam bith a dhèanamh feumaidh sinn buannachdan ar cànain a mhargaidh gu làidir.

4. Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, dè na pròiseactan a tha, nur beachd-se, riatanach gus na Prìomhachasan sin a choilionadh (tha eisimpleirean cheistean ann an Eàrr-sgrìobhadh 1)?

1) Pìolat "Toirt spionnadh air na daoine"

2) Iomairt margaideachd làidir "Cleachd i no thèid a call!"

3) Sgeama taic maoineachadh a tha simplidh agus sùbailte – a' thaobh riaghailtean agus cinn-latha - dha na buidhnean coimhearsnachd a tha ag obair gu saor-thoileach airson ar cànain 's ar dualchas a bhrosnachadh.

5. An iad na buidhnean freagarrach a tha air an comharrachadh mar phrìomh bhuidhnean ann an coilionadh nam prìomhachasan sin?

*Cho fad 's gu bheilear a' gabhail ris gur e toiseach tòiseachadh a tha anns an liosta seo, agus fad 's a thèid dèiligeadh ann an dòigh iomchaidh ri buidheann ùr sam bith aig am biodh molaidhean ùr-ghnàthach agus èifeachdach. Tha teagamh oirnn ged tà gur docha gur ann tro na buidhnean poblach – na Comhairlean Ionadail, m.e. - a bhios a' mhòr-chuid dhen mhaoineachadh ga thoirt airson obair leasachaidh na Gàidhlig agus nach ann dha na buidhnean Gàidhlig, agus buidhnean coimhearsnachd a tha sàs gu mòr anns an obair leasachaidh seo an dràsta. Tha sinn air deagh eisimpleir fhaicinn dhen seo mur thà le mar a tha air tachairt le Plana Cànain nan Eilean Siar a tha nis air a ghabhail os làimh leis a' Chomhairle agus far am bheil – tha e coltach – na Comhairlean dol a dh' fhaighinn maoineachadh airson Sgeama Taic do Buidhnean Coimhearsnachd. Chan eil duilgheadas sam bi againn le maoineachadh thoirt dhan na buidhnean poblach airson na dleastanasan aca fhèin a chuir an gnìomh ach chan eil e idir gu bhi furasta no èifeachdach ma dh'fheumas gach buidheann coimhearsnachd – agus 's docha ann an tìde, gach buidheann Gàidhlig? – dhol gu na Comhairlean a-mhàin airson maoineachadh na Gàidhlig. Nar beachd ne **tha an fheallsanachd seo a' dol gu mòr an aghaidh am prionnsabal gur ann leis a' choimhearsnachd a tha am Plana Nàiseanta.***

6. Ma tha sibh a' freagairt as leth buidhinn, ciamar a tha sibh gur faicinn fhèin a' cur ri soirbheachd a' Phlana Nàiseanta?

Le bhith ag obair gu dlùth le buidhnean eile a tha an sàs anns an aon seòrsa obair ri CnaG fo na prìomh roinnean againn – Teaghlaichean, Coimhearsnachd, Òigridh, Oileanaich agus Gnìomhachas agus a' bhith faighinn ìre freagarrach 's iomchaidh

de mhaoineachadh bhon Bhòrd (agus buidhnean maoineachaidh eile) airson gum bi e comasach na h-amasan 's na gnìomharan a tha anns a' Phlana Nàiseanta an coilionadh gu h-èifeachdach. Chan eil teagamh sam bith nach fheum an Riaghaltas tòrr a bharrachd maoineachadh a thoirt do Bhòrd an Gàidhlig ma tha am Plana Nàiseanta gu bhith soirbheachail ach feumaidh am Bòrd fhèin iomairt làidir a chuir air chois – còmhla ris na buidhnean Gàidhlig – airson strì a dhèanamh leis an Riaghaltas. Feumaidh na buidhnean Gàidhlig teàrainteachd fhaighinn airson an cuid maoineachaidh le bhith faighinn cùmhnantan maoineachaidh thairis air 3-5 bliadhna, gach àm. Mura tachair seo, cha soirbhich leis a' Phlana.

7. Beachdan eile.....

- *Tha sinn den bheachd gum bu chòir iomradh a thoirt anns na gnìomharan air **molaidhean a' Chairt Eòrpach** mar a tha iad a' ceangal a-steach ri gach ìre.*
- *A thaobh Foghlam, tha e cudromach gu tèid gabhail ri **Poileasaidh Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig far am faigh gach sgoilear ann an Alba** cothrom fiosrachadh agus eòlas fhaighinn air cànan agus cultar na Gàidhlig anns a' bhun-sgoil agus anns an àrd-sgoil. Tha CnaG ag aontachadh le na molaidhean a tha anns na freagairtean aig CnP (N) a thaobh Ro- innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig.*
- *Bu chòir cuideachd ceangalan gu math dlùth a bhith air a' dhèanamh leis a' **Phlana Nàiseanta agus siostam nam Planaichean Coimhearsnachd** (Community Planning) a tha aig gach Comhairle Ionadail, ann an co-bhonn ri buidhnean poblach agus eile anns gach sgìre.*
- *Tha duilgheadas ann leis an **dòigh anns am bheil am Plana air a sgrìobhadh agus air a dheasachadh**. Tha feadhainn de na prìomhachasan agus na h-amasan ag èirigh ann an iomadh àite, chan eil e furasta leantainn mura bheil thu eòlach air Planaichean dhen t-seòrsa seo. Airson a' mhòr-shluagh tha feum air bileag a dheasachadh le geàrr-iomradh ghoirid air na tha san amharc fon Plana.*
- *Anns an dreachd dheireannach den Plana tha feum air **Slatan Tomhais agus Targaidean nas mionaidiche** airson gach Gnìomh le iomradh air an **ìre maoineachaidh** a thathar an dùil airson gach prìomhachas. Tha e cuideachd cudromach gum bi mìneachadh air an siostam a tha anns an amharc airson **dòigh maoineachaidh nam buidhnean coimhearsnachd agus na buidhnean Gàidhlig fon Plana airson an àm ri teachd**.*